

A' fighe an Sgadain

Tri-fhillte

Sgeulachd a tha stèidhte air sgeul traidiseanta “Fair Maid Tresses”, ann am Barraigh, fighite còmhla ris an sgeulachd aig Seòras U. Mac a’ Phearsain, ‘Ramasaig – Na Tri Bana-bhuidsich”

Bha triùir bhoireannaich a’ suidhe ri taobh an teine, 's iad trang a’ fighe. Màthair, a tha na bantrach agus an dithis nighinn, Lanis, an tè as sinne agus Rona an tè as òige. Tha dà bhliadhna a dh'aois eadarra. Tha am màthair a’ fighe stocainnean, stocainnean airson bòtannan airson iasgair òg a Eirisgeigh agus an dithis nighinn an dùil geansaidhean bainnse fhighhe agus fhad ‘s a bha iad a’ fighe, dh’fhaighneachd iad air a màthair sgeulachdan innse mu na luban agus na pàtran a bha I air cruthachadh nuair a bha I a’ siubhal mun cuairt a’ chosta an Ear nuair bha I nas òige, nuair a bha I ag obair aig an sgadan.

Bhiodh na h-nigheanan seo ag obair air feadh Alba, bho Steòrnabhagh agus sìos gu baile Yarmouth air costa an Ear de Shasainn. Mur nach robh iad ag obair a’ cutadh bhiodh iad a’ fighe. Dh’innis màthair na h-nigheanan mu dheidhinn aon phàtran a fhuair I aig aon phort, còmhla le fear eile, bhiodh gach nighean ri bhi a’ fighe pàtran diofraichte agus aig deireadh gach ràithe, bhiodh margaid mòr ann airson na geansaidhean a’ reic ann an Yarmouth.

“Le cinnt, sin mar a choinnich mi le d’ athair, cheannaich e geansaidh bhuam!”

Thàinig gàire air na h-nigheanan ach mhothaich a màthair iad agus chum iad na sùilean aca sìos agus na corragan trang.

Bha màthair na h-nigheanan iomagaineach mun gnìomh a bha I air an thoirt dhaibh gus geansaidh bainnse fhighhe oir tha an dithis aca a’ fighe geansaidh bainnse airson an aon bhalach agus tha an dithis aca ann an gaol leis.

Tha dlùth cheangal aig an iasgair Eirisgeach òg leis a’ mhuir agus bha e daonnan aig an doras aca le iasg uair sam bith a bhiodh e ann am Barraigh...ach cò a b’ fheàrr leis?

Tha na corragan aig Lanis a’ dannsadh thairis an uèirichean agus tha an geansaidh glas aice a’ fàs na h-uchd. Rona, an tè is òige, tha an t-aodann aice domhainn le aire agus I a’ stri leis an fhighheadh aice nuair a thuiteas lub orra.

“Och!” Shlaod I na uèirichean air falbh agus stob I dhan seathar aice iad. Thoiseach I an uairsin a’ fuasgladh an snàth gorm a bha na dùbhlain dhith.

“Oh Rona, bi foighidneach! Na rib an fhighhe agad sìos, bha am balt fhèin ceart gu leòr.

“Se na litrichean an t-ainm aige, chan urrainn dhomh an E neo an S a dhèanamh.”

Leum an cat sìos bhon uinneag agus thoisich e a’ cluich leis am ball snàth a bha aig casan Rona.

“Och” arsa Rona, thog I suas e air cùl a chinn, thug I air falbh an snàth bhuithe agus tharraing I a-mach as an rum agus a-mach as an taigh leis agus dhùin i an doras le brag!

Leig a’ màthair a-mach osna agus thoisich I a’ tionndadh an snàth gus ball a dhèanamh dheth agus chur I na bioran fighe agus na bha air fhàgail den gheansaidh a-staigh dhan bhasgaid aig Rona deiseil airson an ath mhadainn.

An ath latha, dh’ èirich Rona tràth. Chur I orra aodaich cho samhach is b’ urrainn dhith. Thionndadh I agus thug I sùil air a piuthar a bha na cadal fhathast mar chrosgag san leabaidh agus a gruag bàn air a chluasaig mar feamainn air an tràigh.

Dh’fhàg Rona an taigh, le beannag agus basgaid agus nuair a bha air t-slighe, chluinnidh I srannd a’ tighinn bho a màthair san leabaidh. Ghabh I an slighe sìos chun a bhaile, bha I a’ dol a dh’fhaicinn a’ bhean-circe. ‘Se latha ceòthach a bh’ ann agus nuair a fhuair Rona nas fhaisge air taigh na bean-circe, chunnaic I an t-seann chailleach taobh a-muigh an taighe a’ biathadh na cearcan aice. Thionndadh a’ chailleach mun cuairt a’ coimhead tron cheò.

“Rona an tu th’ann? Air ais mu thràth?”

“Aidh”

“S mi th’ann”

“Thig a-staigh a’ ghràidh”

Chaidh Rona a-staigh dhan taigh dhorcha agus shuidhe I ri taobh an teine ann an teas meadhan an ùrlar, le toit a’ streap timcheall orra suas chun an toll aig mullach an taigh.

“Bheir dhomh do chuid fighe”

Thug Rona seachad a’ bhasgaid chun a bhean-circe

An robh an càt a’ luib seo?

“Bha”

“Uill, ‘s docha gur e an snàth a th’ann Rona? Bheir dhomh mionaid, ‘s docha gu bheil rudeigin agam a dh’fhaodas tu chleachdadh na àite.”

Bha e dorcha anns an rum, chaidh an t-seann chailleach a-null chun an drathair agus thug I a-mach cuta de shnàth.

“Dùin do shùilean agus cur a-mach do làmh!” dh’iarr a’ chailleach air Rona agus rinn I mar a chaidh iarraidh oirre. Chur a chailleach an t-snàth mun cuairt làmh na h-nighinn agus thòiseach I ball den snàth dhraoidheachd a dhèanamh às.

“Tha sgeulachd ann mu dheidhinn an snàth seo Rona. Tha e a’ tighinn bhon mo thriùir pheathraichean agam a tha a’ fuireach anns an Eilean Sgitheanach, faisg air Bagh na Feannagan agus gach Samhain, bi mo pheathraichean a’ dol sìos chun an tràigh gus dannsadh agus seinn san uisge. Agus gach bliadhna thig tri rùdan dearg a-mach as an uisge. Thigeadh iad suas chun an taigh aca far an robh na caoraich aca fhèin. Agus an ath Earrach tha na h-uain a’ breith agus tha còtaichean dearg orra airson dìreach aon bhliadhna agus ‘s ann às a sin a tha snàth seo a’ tighinn gus aodach draoidheachd fhisge.”

On a bha na nàbaidhean aca laghach riutha an geamhradh sin, leig mo pheathraichean leis na rùdan dearg na caoraich acasan a’ rùdadh airson agus gum b’ urrainn dhaibh geansaidhean dearg fhisge.

Ach na droch nàbaidhean, an fheadhainn a bha a’ gabhail bana-bhuidsichean orra, cha leigeil mo pheathraichean na rùdan dearg a’ dol faisg air na caoraich acasan.

Bha farmad air an droch nàbaidhean, bha iad fhèin airson an snàth draoidheachd fhaighinn. Mhothaich iad gun robh na rùdan dearg a’ tilleadh air ais dhan mhuir gach bliadhna.

Aon bhliadhna ge-ta, thog na dròch nàbaidhean fang air falbh bho thaigh na peathraichean agus ghlac iad na rùdan dearg nuair a bha iad a’ tilleadh air ais dhan mhuir. Chur iad na caoraich aca fhèin a-staigh còmhla riutha agus nuair a fhuair mo pheathraichean a-mach mu dheidhinn bha iad cho feargach, ruith iad sìos chun a’ chladach agus sheinn iad agus dhannas iad agus thuit ballaichean an fhang sìos. Chunnaic iad an uairsin na rùdan dearg agus na h-uain dheirg a bha air am breith a’ bhliadhna sin a’ tighinn sìos chun chladach còmhla ri gach caora a bha aig na nàbaidhean agus chaidh iad a-mach a sealladh sa mhuir. Cha robh rùdan dearg air fhàgail a Bagh na Feannagan.... Ach tha cuta neo dha agamsa a ni a chus!”

Thoisich a’ chailleach a’ seinn....

Bha Rona a’ faireachdainn cadalach nuair a bha I a’ smaointinn air an sgeulachd agus chluinnidh I clag na uèirichean, fuaim a’ fhisge, ach nuair a dh’ fhosgladh I a sùilean bha

I aon uair eile taobh a-muigh a' gheata aig taigh a' bhean-circe ach bha am basgaid aice trom.

Bha a' ghrian a' deàrrsadh tron cheò agus thionndaidh I a-rithist airson a' chailleach fhaicinn a' biathadh na cearcan.

An robh I fhathast na cadal, an e aisling a bh' ann nuair a bha I 'san taigh, an t-òran agus an sgeulachd?

Choimhead Rona sìos air a bhasgaid agus leig I a-mach ospag, anns a' bhasgaid aice, na pàtran a' snìomh timcheall na uèirichean stàilinn bha geansaidh dearg, dath domhainn dàna, dath na rùdan dearg aig Bagh na Feannagan, dath an fhuil.

Chur I air falach an fhighhe leis a' bheannag airson nach fhaice na nàbaidhean aice e agus ruith I dhachaigh. Thoiseach I a' cur crìoch air a gheansaidh tro dubh na h-oidhche agus an t-òran a bhean-circe a' dol timcheall agus timcheall 'sa cheann aice agus ro dheireadh na t-seachdain, bha e deiseil aice. Bha dà gheansaidh àlainn deiseil air a bhòrd anns a' chidsin.

Tha sgeul aig gach geansaidh bho na pàtran. Anns an geansaidh glas aig Lanis, tha na pàtran ag innse mun mhuir, ròpaichean a' bhàta, agus daoimean airson na lìn-iasgach. Suas gu meadhan a gheansaidh tha crosgag ceithir chasach air le acair air gach taobh. A-staigh fo gach achlais tha daoimean le cridhe bheag sa mheadhan airson gun cuidich an duine a chuireas air e a' ghluasad, oir ged a 'se geansaidh –bainnse a th'ann, cuiridh an duine air seo a dh' obair. Aig an amhach tha tri putan beag slige-neamhnaid.

Tha an darna geansaidh dearg a' glacadh solas an teine agus tha na pàtran ag innse sgeulachd diofraichte, sgeulachd mun tìr. Tha àraidhean air, agus càballan a' snìomh suas gu Craobh a' Bheatha agus sa mheadhan tha am pàtran a' dol sìos agus suas, sìos agus suas a' samhlachadh mar a tha pòsadh agus na pàtran daoimean aig Rona coltach ri uinneagan na h-eaglais.

Ach de am fear a thaghadh an gille? An oidhche sin fhèin, thàinig gnog aig an doras agus an gille air an stairsich. Dh'iarr màthair na h-nigheanan a thighinn a-staigh agus I trang a' sealltainn dha na geansaidhean a bh' air a bhòrd. Thug esan dhith iasg agus dh' fhalbh I gan cutadh. Bha na h-nigheanan a' seasamh air gach taobh dh' an teine anns an t-aodach spaideil aca orra.

Bhruidhinn Rona an toiseach:

“Tha an t-àm agad taghadh a dhèanamh.”

Bha an gille teagmhach, 's toil leis an dithis aca ach tha a chridhe le tè mu thràth, de an geansaidh a' dh'fhigh i?

Dh'iarr Rona air an gille na gàirdean a chur suas mullach a' chinn agus thug I dheth an geansaidh a bha a' mhàthair air fhighhe dha. Chur I nuairsin an geansaidh dearg air, bha e teann, math airson a' ghaoth a chumail a-mach ach bha an amhach àrd agus thoisich an gille a' slaodadh an amhach agus falas a' tighinn air.

Thug Rona ceum air ais airson sùil a thoirt air an obair aice. Thàinig Lanis nas fhaisge air a ghille agus shlaod I dheth an geansaidh dearg, dh'fhàs an gille rud beag dearg san aodann agus e a' seasamh an sin le dìreach lèine air. Thog Lanis an geansaidh glas agus chur I air a ghille e, dh' fhiot e dìreach taghta air. Thoisich na corragan aice a' crith fhad 's a bha I a' dùnadh na putan air an amhach. Chaidh an gille sìos air a ghlùin. Bha e air am piuthar as sinne a thaghadh, am piuthar chòir, an geansaidh ghlas.

Cha deach ach tri iasg itheadh an oidhche sin. Chaidh Rona dhan leabhaidh a' caoineadh airson seachdainean agus a-mach a spèis dhith chur an cupall dheth a' bhainnis gus an do leighis cridhe Rona beagan. Chaidh an t-iasgair air ais a' dh'iasgach.

Aon mhadainn, nuair a ghlac Lanis sùil Rona, thug I seachad gàire beag agus thuirt i: "Thugainn, carson nach tig sinn a' choisichd air a' chladach mar a rinn sinn nuair a bha sinn òg."

Bha an ràithe air atharrachadh ach bha e fhathast car fuar mar sin chur iad orra cleòcaichean. Chaidh iad suas gu mullach na staca agus rinn iad an t-slighe sìos chun an tràigh far an do ruith iad tarsainn a ghainmhich. Bha an làn a' dol a-mach agus chitheadh iad cumadh dorcha bàta iasgach air faire, 's docha gur e an t-iasgair Eirisgeach a th'ann a' toirt a-staigh na lìn aige.

Choimhead iad anns na lòn-creige agus fhad 's a bha iad nan suidhe, thoisich an latha a' fàs nas blàithe. Thug Rona a-mach cìr bhon a' phòcaid 'sa chleòca aice.

"Trobadh agus suidh m'um choinneamh agus leig leam do ghruag a' chìreadh. Tha sgeulachd agam dhut agus òran ùr."

Shuidhe Lanis a' coimhead a-mach gu muir agus le a druim ri a piuthar. Thoisich Rona a' cìreadh a' ghruag agus a' seinn agus mus d' fhuair I fiùs an sgeulachd innse bha Lanis na cadal. Chur Rona figheachan dhan ghruag aig Lanis, a' cleachadh an fheamainn a bha air a chreig air an robh I a' suidhe. Sheas I suas agus dh' fhàg I an cìr ri taobh a' piuthar agus thoisich I a' coiseachd suas an tràigh. Nuair a ruig I bonn na staca, thionndaidh I agus chitheadh I gun robh a' làn air tighinn a-staigh agus bha e a-nis aig na h-ordagan-coise aig a' piuthar. Chum I a' seinn agus chum a piuthar a' cadal.

Thoisich Rona a' dìreadh suas an slighe agus aig gach oisean, choimhead I air a' piuthar, bha an t-uisge air meadhan a' piuthar a' ruighinn, nuairsin a' broilleach, nuairsin bonn na smiogaid agus nuair a ràinig I mullach na staca, bha a' piuthar air a dhol a-mach a sealladh.

Choimhead I nuairsin air faire, bha an bàta-iasgach air falbh ach bha rudeigin a' gluasad san uisge, a' glacadh an solas, 'se ròn a bh' ann a' snàmh gu luath. Shnàmh an ròn glas chun an t-àite far an do dh'fhàg I a' piuthar agus chaidh e fodha. Nochd ceann da ròn a-mach as an uisge an uairsin. Thionndaidh an da ròn gu Rona agus mhothaich I sa mhionaid sin leis na sùilean dorcha aca, dè 'na bha I air dhèanamh.

“Tha mi duilich” dh' eigh I, chur I a-mach na làimhean fon chleòca agus dh' fhalbh a ghaoth leatha suas dhan adhar, ach cha do thuit i. Thoiseach I a' sgiathadh sìos taobh an staca agus land I air creig. Thog I suas na sgiathan aice, na sgiathan sgairbh, airson an tiormachadh sa ghrèin. Shìn I a mach a h-amhach agus stob I gob 's na ròn, an seula agus a' bhean a bha froilig san uisge.

An ath mhadainn, thàinig gnog aig doras màthair na h-nighinn bho nàbaidh agus bha geansaidh glas aige na làimh a bha ag innse sgeulachdan a' mhuir. Dh' aithnich a bhantrach an geansaidh, dh'aithnich I na tri putan slige-neamhnaid agus bha fhios aice gu cinnteach an uairsin gun robh I air an triùir aca a' chall.

Jan Bee Brown
Collaborative Artist & Storyteller
October 2020